



**STÒRAS NAN LINNTEAN
A DH' FHALBH
LUACH AN ÀM RI TEACHD**

— — — — —

Roi-Innleachd Dhualchais airson Albainn Nuaidh
2008-2013

— — — — —



Roinn na Turasachd, a' Chultair
agus an Dualchais



GÈARR-CHUNNTAIS AIR AN IOMAIRT

'S e Roi-Innleachd Riaghaltas na h-Albann Nuaidh a th' ann an Stòras nan Linntean a Dh' fhalbh, Luach an Àm ri Teachd a tha a' toirt an aire air cudthrom dualchais air có sinn' agus uile a 's urrainn dhuinn a bhith. Tha an Roi-Innleachd ag ràdhainn gu soilleir agus a' toirt mion-chunntais do thrì cùrsachan, no roinntean de dh' amas, a ghabhas an Riaghaltas air-fhéin thar na h-ath còig bhliadhnaichean. Le dìlseachd dha na h-amasan, nì e cinnteach gun téid ar cuid dhualchais a ghléidheadh, a dhìonadh, a bhrosnachadh, agus a dhèanadh tearaint airson a' ghinealaich seo agus nan linntean nach eil fhathast beò.

AR CUID RÙIN

'S e ar cuid rùin sin 's gum bi aig muinntir na h-Albann Nuaidh uile, an diugh is 'san àm ri teachd, eòlas, àrdachadh an luach, agus féin-fhiosrachadh air an dualchas a bhios a' toirt cruth dhan mhór-roinn againne.

Bidh an rùn seo, air a chur roimhe le Iomairt Dhualchais na Buidhne Ghnìomha Phlanaidh Shaor-thoileach, a' nochdadh iomadachd agus gnothaich aig muinntir na h-Albann Nuaidh agus gu sònraichte a bharrachd, luchd-tasgaidh ann an roinn an dualchais. 'S e amas air a bhith a' toirt an rùn seo gu buil a nì cinnteach gum bi ar dualchas 'na stòras airson linntean.

AR CUID PHRÌOMH-THÙSAN

Tha iomadh prìomh-thùs a' daingneachadh na h-obrach a bhios an riaghaltas a' giùlain gus an rùn 'fhaighinn. Bidh iad a' toirt iùl-maireann dha na co-dhùnidhean a bhios an riaghaltas a' dèanadh, na h-iomairtean a nì e, agus an dàimh a bhios e 'cruthachadh le com-pàirtichean.

• Dualchas

- a' gléidheadh na h-Albann Nuaidh 'na h-àraid agus 'na h-ioma-dhòigh
- a' meudachadh gné-beatha airson gach neach
- a' cur ri piseach
- a' cur ri cothroman airson ionnsachadh-fad na beatha
- a tha 'na mheadhon gu féin-thuigsinn, brìgh na coimhearsnachd, agus moit às an àite
- a tha feumach a chum 's gun téid coimhearsnachdan na h-Albann Nuaidh an gléidheadh, an leasachadh agus an cumail suas

• Tha maoireachd an dualchais cudthromach do mhuinntir na h-Albann Nuaidh.

- Tha maoireachd an dualchais 'na dhleastanas roinnte. Tha pàirt aig muinntir na h-Albann Nuaidh uile ri ghabhail ann an gléidheadh, dìonadh, agus brosnachadh an dualchais againn.



AR CUID AMAIS

A' gnìomhadh air sgàth math an t-sluaigh, bidh Riaghaltas na h-Albann Nuaidh a' gléidheadh, a' dìonadh, a' brosnachadh, agus a' dèanadh tearaint ghoireasan nàdurra agus culturach dualchais na mór-roinne. 'S e a rùn a bhith a' dèanadh cinnteach gum mair dualchas mar phàirt bhrìghmhor an àm ri teachd na h-Albann Nuaidh, a' saobhreachadh gach cuid luchd-dùthcha agus co-chomann.¹

Tha an t-amas seo stéidhichte air rùn an riaghaltais gus clàr an dualchais aige a thoirt le chèile agus a chumail beò thar roinntean agus buidhnean.

Gus buaidh a chosnadh, bidh an riaghaltas ag amas air;

- a bhith a' gléidheadh ioma-dhòigh nan àiteachan, rudan, sgeulachdan, cànaichean agus an t-seann nòs agus a' chiùil dhualchais a tha air leth do mhuinntir na h-Albann Nuaidh
- a bhith a' cur luach air com-pàirtichean mar dhòigh bhrìghmhor agus éifeachdach airson toraidhean 'fhaighinn
- a bhith a' cruthachadh siostam seasmhachd de ghoireasan cudthromach dhualchas nàdurra agus culturach na mór-roinne
- a bhith a' riaghladh bun-structair dualchais làidir, luchd-obrach sgileil, agus phrògraman agus sheirbhisean gus fàs agus atharrachadh a fhreagairt
- a bhith a' toirt seachad fòghlum an t-sluaigh a mheudaicheas tuigse, aithne agus meas air dualchas ioma-dhòigheach na h-Albann Nuaidh
- A bhith a' cuideachadh an dualchais àraid a tha a' fàs bho chultar dùthchasail nam Miogmagaidh 'sa mhór-roinn agus cultaran dùthchasach eile mar Acaidhtidheanach, Aifreaganach na h-Albann Nuaidh agus Gàidhealach

Tha an riaghaltas an sàs gu dìcheallach ann an riaghladh an dualchais, agus b' fhiach e sùil a thoirt gum bi e 'toirt dleistanais ann an suidheachadh nan goireasan dualchais, ùghdarrasan agus bun-reachdan air an reachdachadh, prògraman agus seirbhisean, agus ann am measadh air a thoirt le chèile nan iomairtean innleachda a tha buntainn do dhualchas thar a roinntean agus buidhnean.

Mu dheireadh, ged tà, 's ann leinn uile a tha an dleastanas airson dualchais – do gach ìre 'sa riaghaltas agus do gach duine às Albainn Nuaidh. 'S ann leis a h-uile co-eagrachadh a bhios 'gam faicinn-fhin taiceil do bheartas an àm' a chaidh seachad agus do gach coimhearsnachd agus gnìomhachas a théid a bhualadh leis na h-atharrachaidhean a thig 's an àm ri teachd ann an dualchasan na mór-roinne. 'S e dleastanas co-roinnte a th' ann an dualchas le maoireachd coitcheann. Airson a bhith 'na mhaor-àrainn éifeachdach, feumaidh do gach neach às Albainn Nuaidh a chuid chùraim a ghabhail mu dhéidhinn, agus tagradh airson ar dualchais.

¹ Cuimhnichibh gun deach "a' saobhreachadh gach cuid luchd-dùthcha agus co-chomann" innseadh 'san aithisg aig Buidheann Dhealbhaidh Shaor-thoileach Iomairt an Dualchais, An Dùbhlachd 2006, a tha 'comharrachadh prìomh-dhreuchd an dualchais 'na saobhreachadh airson gach cuid luchd-dùthcha agus co-chomann, le a dhara-ìre a' buntainn do bhuidhean eaconamach dualchais 'sa mhór-roinn agus 'sna coimhearsnachdan againn.



AR CUID SHEÒLAIDHEAN INNLEACHD



1 Co-eagrachadh oidhirpean

'S e seòladh innleachd 1.0 a bhith a' co-eagrachadh nas fhèarr oidhirpean na feadhna a tha a' com-pàirteachadh nan dleastanasan gus dualchas na h-Albann Nuaidh a ghléidheadh, a dhìonadh, a bhrosnachadh, agus a dhèanadh tearaint.

Airson seo a dhèanadh, bidh an riaghaltas

- 1.1 A' toirt air adhart maoireachd, phoileasaidhean, mheadhonan taice am broinn an riaghaltais agus thar riaghaltasan
- 1.2 A' leasachadh chonaltraidhean, co-obrachaidh, agus co-eagrachaidh eadar riaghaltas agus buidhnean na coimhearsnachd

2 Leasachadh Seasmhachd

'S e seòladh innleachd 2.0 a bhith a' dèanadh nas fhèarr leasachadh agus seasmhachd-stiùiridh air dualchas brìghmhor farsaing na mór-roinne.

Airson seo a dhèanadh, bidh an riaghaltas

- 2.1 A' comharrachadh, a' gléidheadh, agus a' dèanadh tearaint dualchas cudthromach a thaobh nàduir agus chultair
- 2.2 A' cur cuideim air maoinen dualchais ann am bith agus a' cur ghoireasan a réir a chéile
- 2.3 A' leasachadh luchd-obrach sgileil gus seirbhisean ann am prìomh-chèarnaidhean dualchais a thoirt seachad
- 2.4 A' cruthachadh suidheachadh ùr reachdais/phoileasaidh airson dualchais
- 2.5 A' cruthachadh innleachd-mhaoineachaidh gus leasachadh-dualchais a chumail beò agus feum nan goireasan ann am bith a leudachadh airson luchd-tasgaidh uile

3 A bhith a' meudachadh aithneachd

'S e seòladh innleachd 3.0 a bhith a' meudachadh aithneachadh an t-sluaigh air luach agus buinteanas dualchais beartach na mór-roinne.

Airson seo a dhèanadh, bidh an riaghaltas

- 3.1 A' cur am meud aithneachd agus tuigse an t-sluaigh nas moth' a thaobh dleastanas agus sochairean sòisealta, eaconamach, neo-eisleanach, cleasachail, agus tireil an dualchais
- 3.2 A' leasachadh brosnachadh chothroman airson muinntir na h-Albann Nuaidh agus luchd-tadhail eòlas agus tuigse 'fhaighinn air luach agus buinteanas ar dualchais
- 3.3 A' cur barrachd meas air a' chomas againn gus bathair agus prògraman a dhèanadh a bhios ag eadar-mhìneachadh, a' dèanadh tearaint, agus a' com-pàirteachadh naidheachdan an dualchais againn agus a ghabhas daoine an sàs
- 3.4 A' leudachadh chothroman airson sgoilearan a bhith a' faighinn eòlais air ar cuid dhualchais agus a bhith a' tuigsinn a luach agus a bhuinteanas